

Assessment of the Impact of the National Gaelic Language Plan 2012-17

Final Report for Bòrd na Gàidhlig

Project team:
Dr Kathryn Jones
Professor Colin Williams
Iaith Cyf.

Dr Stuart Dunmore
Professor Wilson McLeod
Professor Rob Dunbar
Celtic & Scottish Studies, University of Edinburgh

Table of abbreviations

ALEO	Arms-length external organisation
BnG	Bòrd na Gàidhlig
CnaG	Comunn na Gàidhlig
CnES	Comhairle nan Eilean Siar
FG	focus group
GLA	Gaelic Language (Scotland) Act 2005
GLAIF	Gaelic Language Act Implementation Fund
GLE	Gaelic learner education
GLP	Gaelic Language Plan
GM	Gaelic medium
GME	Gaelic-medium education
HE	higher education
HIE	Highlands and Islands Enterprise
LA	local authority
NGLP	National Gaelic Language Plan
SDS	Skills Development Scotland
SFC	Scottish Funding Council
SLA	Service Level Agreement
SME	small or medium-sized enterprise
SMO	Sabhal Mòr Ostaig
SQA	Scottish Qualifications Authority
TFC	Taic Freumhan Coimhearsnachd
TGT	Thig Gam Theagasg
UHI	University of the Highlands and Islands

Geàrr-chunntas Gnìomhach

1. Tha an aithisg seo ag amas air measadh a dhèanamh air buaidh a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig (PCNG) 2012–2017 agus air cobhair a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig (BnG) an lùib ullachadh an ath PhCNG, a ruitheas bho 2017–2022, le a bhith a' measadh:
 - soirbheas a' PhCNG ann a bhith a' coileanadh amasan fhèin agus amasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (AG);
 - buaidh a' PhCNG air na diofar raointean a tha cudromach do chor a' chànain;
 - nan adhbharan airson gach soirbheas, uireasbhaidh agus easbhaidh a tha rin lorg ann an cor a' chànain ri beatha a' PhCNG; agus
 - moladh air mar a dh'fhaodte piseach a thoirt air structar is toimhsean a' PhCNG nuair a thèid ùrachadh.

2. Tha am measadh a' toirt a-steach còig modalan:
 - Tha Modal 1 a' sgrùdadh susbaint agus cur an gnìomh ro-innleachdan cànain nàiseanta ann an diofar dhùthchannan, a' feuchainn ri leasan a thoirt asta a tha freagarrach do shuidheachadh na Gàidhlig.
 - Tha Modal 2 a' tarraing ri chèile agus a' sgrùdadh nan aithisgean agus na fianais sgrìobhte a tha air an glèidheadh leis a' Bhòrd a tha co-cheangailte ri cur an gnìomh a' PhCNG.
 - Tha Modal 3 a' sgrùdadh naoi innleachdan is pròiseactan fa leth a sheallas mar a thathas a' cur a' PhCNG an gnìomh ann an diofar raointean.
 - Tha Modal 4 a' feuchainn ri sgrùdadh dìreach a dhèanamh air buaidh a' PhCNG agus tha e a' gabhail a-steach:
 - suirbhìdh air-loidhne air beachdan a' phobaill air èifeachdachd a' PhCNG;
 - anailis air na beachdan a chuireadh an cèill aig seachd buidhnean fòcais, trì dhuibh ann an coimhearsnachdan cruinneòlach (na Hearadh, Slèite agus Dùn Èideann), trì ann an coimhearsnachdan ùidhe sònraichte (òigridh, pàrantan agus luchd-ealain) agus aon aig a' Bhòrd fhèin; agus
 - anailis air beachdan is eòlasan dusan luchd-ùidhe, stèidhichte air agallamhan mionaideach le riochdairean bhuidhnean cudromach a tha an sàs ann an cur an gnìomh a' PhCNG.
 - 'S e anailis chontra-fhìrinneach a tha ann am Modal 5, a' feuchainn ri coimeas a dhèanamh eadar an suidheachadh mar a tha e agus suidheachadh contra-fhìrinneach anns nach robh PCNGan air an cur air dòigh.

Modal 1 – Sgrùdadh sgrìobhaidhean is litreachais eadar-nàiseanta

3. 'S iad na prìomh sgrìobhaidhean a thaobh ro-innleachdan cànain oifigeil a chaidh ath-sgrùdadh agus a mheasadh an fheadhainn a bhuineas don Choimhearsnachd Fhèin-riaghlach Bhasgach, na h-Eileanan Balearach, Canada, Catalunya, Eastòinia, Galicia, Èirinn, Alba agus a' Chuimrigh. Rinneadh feum cuideachd air sgrìobhaidhean co-cheangailte ri ath-sgrùdaidhean riaghaltais meadhan-beatha (nuair a bha an leithid rim faighinn) agus taghadh den litreachas dàrnach gus tuigse fhaighinn air na co-theacsan laghail, institiuideach agus sòisealta anns an deach na ro-innleachdan seo a chur an sàs.

4. Dheasaicheadh na diofar sgrìobhaidhean ro-innleachd a mheas sinn le farsaingeachd mhòr bhuidhnean, eadar roinnean riaghaltais gu buidhnean reachdail mar am Bòrd gu buidhnean poblach neo-reachdail, air farsaingeachd mhòr adhbharan, agus ann an co-theacsan cànanain a tha eadar-dhealaichte ann an dòighean fìor chudromach. Mar sin tha sinn air amas ris na tèamannan is prionnsabalan as cudromaiche a thoirt asta, a dh'aindeoin na caochlaideachd cho-theacsan seo, agus ri fòcas a chumail air na taobhan de na planaichean seo as cudromaiche do cho-theacs na Gàidhlig.
5. 'S e aon de na tèamannan seo cudromachd a bhith a' bonntachadh na sgrìobhainn ro-innleachd air tuigse air pròiseasan dinimigeachd cànanain agus air teòraidhean ath-bheothachaidh cànanain. Air an dàrna làimh, feumar an lùib seo measadh air choreigin a dhèanamh air cor a' chànain mar a tha e an-dràsta agus air na dùbhlain shònraichte a tha an suidheachadh seo a' cruthachadh. Air an làimh eile, feumar beachdachadh air mar a dh'amaiseas an ro-innleachd chan ann a-mhàin air mar a chuirear àireamhan iomlan an luchd-labhairt am meud, ach cuideachd air giùlan – gu h-àraidh, a' cur cleachdadh a' chànain am meud, an da-rìribh, ann an àireamh nas motha de raointean beatha làitheil (raointean cleachdaidh) – agus air beachdan. Tha e feumail seo a thuigsinn a thaobh comas (a' cur am meud an àireamh dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a chleachdadh), cothrom (a' cur am meud an àireamh chothroman Gàidhlig a chleachdadh nam beatha làitheil) agus miann (a' cur am meud an àireamh dhaoine a tha airson Gàidhlig a thogail agus, am measg na feadhna aig a bheil i mar-thà, a tha a' gabhail nan cothroman a tha ann airson a bruidhinn).
6. Airson cànanan mar a' Ghàidhlig, is mathaid gum feumar an dà chuid ro-innleachd fharsaing agus iomraidhean sònraichte air co-theacsan ionadail. Tha e cudromach gun a bhith a' cur cus cuideim air na diofaran, ach faodaidh e a bhith gum bi na dùbhlain ro, agus na cothroman airson, leasachadh ann an aon phàirt den dùthaich eadar-dhealaichte ri pàirt eile. Ach 's e sgrìobhainn poileasaidh poblaich a tha anns an sgrìobhainn ro-innleachd cuideachd, agus mar sin tha e cuideachd cudromach gu bheil i bonntaichte air tuigse dheimhinne air a' cho-theacs poileasaidh poblaich nas fharsainge agus air pròiseasan riaghaltais mar a tha iad an da-rìribh. Uime sin, the e cudromach a bhith a' tarraing a-steach an t-seòrsa eòlais a gheibhear bhon dà chuid eòlaichean poileasaidh cànanain agus searbhantan catharra.
7. Tha dèanadachd agus ceannach a-steach nan tèamannan cudromach eile. Bu choir dhan sgrìobhainn ro-innleachd a bhith bonntaichte air mothachadh air an dà chuid cumhachdan is stòrasan na buidhne a tha ag ullachadh na sgrìobhainn – an seo, am Bòrd – agus air na crìochan air na cumhachdan is stòrasan ud. Bu chòir dha feart a thoirt don ròl a chluicheadh buidhnean eile, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean anns na roinnean prìobhaideach agus saor-thoileach, agus do na cumhachdan is stòrasan a dh'fhaodas iad toirt a-steach.

8. Nuair a bhios builean an crochadh air buidhnean eile – mar a bhios a’ mhòr-chuid dhiubh – tha e cudromach a bhith soilleir mu ròl a’ Bhùird agus ròl nam buidhnean eile seo. Bu chòir builean a bhith soilleir, air an tuigsinn gu furasta leis an dà chuid luchd-obrach a’ Bhùird agus luchd-obrach nam buidhnean com-pàirteach, agus bu chòir dhaibh a bhith ruigsinneach a rèir cumhachdan is stòrasan nam com-pàirtichean.

9. Tha ceannach a-steach deatamach cuideachd. Ann an cuid de shuidheachaidhean, faodaidh e a bhith gun tèid aig a’ Bhòrd air a bhith a’ brosnachadh no fiù ’s iarraidh tomhas de cheannach a-steach – mar eisimpleir, tro riatanasan ann am plana Gàidhlig, no cumha a tha air a chur an sàs gus maoinachadh fhaighinn bhon Bhòrd. Ach fiù ’s anns na suidheachaidhean seo, bidh barrachd na ùmhlachd a-mhàin a dhìth airson cur an gnìomh; tha ceannach a-steach deatamach. Tha seo a’ ciallachadh gum feumar comharrachadh nam buidhnean a bhios sàr-chudromach ann an cur an gnìomh na ro-innleachd, agus co-chomhairle leotha aig ìre thràth. ’S e pròiseas an dà chuid sios bhon bhàrr agus suas bhon bhonn a tha ann am planadh cànan, agus mar sin tha ceannach a-steach bhon choimhearsnachd cànan deatamach cuideachd. An lùib seo feumar chan e a-mhàin co-chomhairle ach solar gu leòr de dh’fhiosrachadh, leithid an dàta a thathas a’ cur gu feum ann an deasachadh poileasaidh, roghainnean poileasaidh, agus nan adhbharan airson nan roghainnean a tha air an taghadh, gus an tèid co-chomhairle a dhèanamh an da-rìribh.

10. Faodar diofar innleachdan is ro-innleachdan a chleachdadh airson a bhith a’ measadh cur an gnìomh ro-innleachdan cànan ann an dòigh a tha soirbheachail agus èifeachdach a thaobh chosgaisean. ’S e aon dhiubh a bhith nas faiceallaiche a thaobh phròiseasan aithrisean agus sgrùdaidh, los gun cruinnichear corpas dàta a tha nas motha agus nas mionaidiche. ’S e fear eile co-chomhairle, còmhradh agus ‘iomlaid fiosrachaidh’ le luchd-ùidh agus coimhearsnachdan a chleachdadh na b’ èifeachdaiche.

11. Tha cleachdadh anns a’ Chuimrigh a’ sealltainn gum faod iarrtasan mionaideach a thaobh aithrisean air na comharraidhean cur an gnìomh a tha air an sònrachadh a bhith glè fheumail a thaobh measadh phlanaichean. Le bhith a’ stèidheachadh dhòighean-obrach coileanta agus gan cur an gnìomh gu cunbhalach thar ùine, gabhaidh claonaidhean a chomharrachadh agus a mheasadh gu soilleir. A thaobh ceist togail na Gàidhlig, feumaidh na builean agus na comharraidhean cur an gnìomh a bhith brìoghmhor, a’ toirt sealladh an da-rìribh air an ìre ’s a tha atharrachadh feumail air a thoirt gu buil. Dh’fhaodte a-rèist gum bi comharraidhean cur an gnìomh a tha brìoghmhor dùbhlanaich cuideachd; feumar adhartas dha-rìribh a bhith ann mus bi an comharra air a shàsachadh. A thaobh pragtaigeachd, tha e feumail a bhith a’ taghadh comharraidhean cur an gnìomh a tha a’ toirt cothrom do luchd-measaidh tarraing à corpasan dàta a tha ann mar-thà seach a bhith an crochadh air cruinneachadh corpas dàta ùr.

Modal 2: Co-chur agus sgrùdadh aithisgean agus fianais sgrìobhte

12. Ann am Modal 2, thathas a' tarraing ri chèile agus a' sgrùdadh nan aithisgean agus sgrìobhainnean eile a tha ann an làmhnan a' Bhùird, no a tha ri fhaighinn bho bhuidhnean eile, a' gabhail a-steach aithisgean air cur-an-gnìomh planaichean reachdail Gàidhlig nam buidhnean poblach aig a bheil iad, agus air data air Foghlam Gàidhlig. Tha an earrann seo dhen aithisg seo a' toirt measadh coitcheann nan stuthan seo, a' feuchainn ri dearbhadh co-dhiù a bheil beàrnann anns an data annta, agus a' tabhann mholaidhean a thaobh nan siostaman agus nan structaran a tha am Bòrd a' cleachdadh gus fiosrachadh a thrusadh agus a sgrùdadh ceangailte ri cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta agus measadh buaidh shòisio-chànanach a' Phlana.
13. Tha Modal 2 ag ainmeachadh caochladh chùisean a thaobh mheadhanan agus mhodhan-obrach a thathas a' cleachdadh an-dràsta gus cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta a mheasadh, maille ri grunn mholaidhean airson atharrachaidhean agus leasachaidhean. Tha iad seo a' toirt a-steach na leanas:
- Tha e nas duilghe co-dhùnaidhean cinnteach a dhèanamh air soirbheas (no dith soirbheis) cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta air sàilleibh nach eil gu leòr thomhasan-measaidh soilleir anns a' Phlana. Bheireadh tomhasan-measaidh (no comharran-coileanaidh) soilleir, susbainteach airson 'prìomh bhuilean' agus 'prìomhachasan ro-innleachdail' an ath Phlana Nàiseanta (ma bhios a leithid ann) dòigh na b' fheàrr gus cur-an-gnìomh agus buaidh a' phlana a mheasadh.
 - Chan eil clàr no cairt-iùil anns a' Phlana Nàiseanta a tha a' sònrachadh nam buidhnean aig a bheil dleasnas a thaobh nam prìomh bhuilean no nam prìomhachasan ro-innleachdail. Bheireadh foir-shealladh dhen t-seòrsa seo soilleireachd a thaobh riarachadh dhleasnasan agus cunntachalachd, agus dhèanadh e sgrùdadh an ath-Phlana Nàiseanta na b' fhasa.
 - Bheireadh aithisg thar-ruigheach bhliadhnail aig deireadh gach bliadhna a' Phlana, a mheasadh adhartas a thaobh amasan sònraichte agus so-thomhasach, meadhan gus sgrùdadh leantainneach a dhèanamh air a' Phlana.
 - Bhiodh measaidhean ùineach a thaobh phrìomh bhuilean agus phrìomhachasan ro-innleachdail sònraichte airson gach aon dhe na 'raointean leasachaidh' taiceil, ag amalachadh, mar eisimpleir, Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnachan, Sgoiltean agus Tìdsearan, agus Foghlam Seach-sgoile. Ghabhadh na fo-aithisgean seo fhighe a-steach do mheasadh bliadhnail a' Phlana gu lèir.
 - Tha diofaran anns na h-aithisgean a tha am Bòrd a' coimiseanadh gus cur-an-gnìomh nam planaichean reachdail Gàidhlig a thaobh dhòighean-measaidh, structair, cruais, agus càileachd. Gus barrachd leantalachd agus samhlachd fhaighinn, dh'fhaodadh am Bòrd beachdachadh air aon chùmhnannt a buileachadh fad beatha an ath-Phlana Nàiseanta agus/no dh'fhaodadh am Bòrd a bhith na b' òrdachail a thaobh an structair agus modh-sgrùdaidh a b' fheàrr anns na measaidhean seo.
 - Tha beàrnann brìgheil anns an àireamh de dh'aithisgean bliadhnail adhartas nam Planaichean Reachdail Gàidhlig a chuireadh a-steach dhan Bhòrd agus ann an cleachdadh teamplaid aithriseach a' Bhùird. Aig an àm a rinneadh an sgrùdadh seo, cha robh am Bòrd air adhartas soilleir a dhèanamh ann a bhith a' comhairleachadh bhuidhnean poblach mun dleasnas aca aithisgean bliadhnail

adhartais a chur a-steach, no ann a bhith a' cur thuca cuimhneachain ro chinn-ama no rabhaidh mu chinn-ama nach deach coileanadh. Is coltach cuideachd nach robh siostam gu buileach èifeachdach ann gus freagairt bhuadhach a thoirt dha na h-aithisgean a tha air tighinn a-steach. Chaidh cur ris a' chomasachd ri làimh bho chionn ghoirid, ge-tà, agus thathas an dùil gum bi na pròiseasan seo air an leasachadh. Bheireadh aon tasglann structaraichte anns a bheil na sgrìobhainnean buntainneach uile ann an cruth a dhèanadh rannsachadh agus coimeasadh na b' fhasa agus a dhèanadh tasgadh agus lorgadh dàta mu chur-an-gnìomh nam Planaichean Reachdail Gàidhlig na bu chinntiche agus furasta a làimhseachadh air siostaman-tasgaidh a' Bhùird, a' dèanamh comasach sgrùdadh-dàta aig àrd-ìre thar ùine.

- Tha tomhas mòr de dh'fhiaradh ann an uiread agus càileachd an fhiosrachaidh a tha buidhnean a' toirt seachad a thaobh cur-an-gnìomh nam Planaichean Reachdail Gàidhlig aca. Bhiodh an dàta na b' fheumaile nan robh buidhnean a' leantainn an aon bhun-tomhas. Bhiodh e na b' fheàrr aon stòr-dàta a chruthachadh, le cinn cho-fhreagrach. Dhèanadh sin sgrùdadh air adhartas a dh'ionnsaigh phrìomh bhuilean agus phrìomhachasan ro-innleachdail sònraichte na b' fhasa.
- Tha an dàta air solar foghlaim agus clàrachadh sgoilearan a thrusar gach bliadhna airson a' Bhùird iomlan agus mionaideach. Chuireadh barrachd foir-sheallaidh ro-innleachdail, a' meòrachadh air pàtran an agus comharan fàbharach agus neo-fhàbharach, ris an t-sàr-eòlas a tha ri fhaighinn anns na h-aithisgean seo.
- A thaobh foghlaim seach-sgoile, tha e nas doirbhe adhartas a mheasadh air sàilleabh dhuilgheadasan structarail ann a bhith a' cruinneachadh dàta clàraidh agus cheistean mineachaidh a thaobh ìrean adhartas oileanach. Ach tha siostam cruinneachaidh dàta bliadhnail a' ruith a-nis agus bu chòir dha an suidheachadh a leasachadh gu ìre.

Modal 3 – Samplachadh agus sgrùdadh air prògraman agus pròiseactan fa leth

14. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air naoi prògraman agus pròiseactan air leth a bha air am maoinneachadh fo na sgeamaichean Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) agus Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) gus buaidh nan sgeamaichean seo a mheasadh. Dh'fheuch sinn ri measadh a dhèanamh air taghadh farsaing de dh'iomairtean a bha ceangailte, ann an dòighean eadar-dhealaichte, ri gach aon dhe na h-ochd raointean leasachaidh anns a' Phlana Nàiseanta, agus ann an diofar seòrsaichean coimhearsnachdan ionadail Gàidhlig (sgìrean dualchasach na Gàidhlig, bailtean mòra, sgìrean dùthchail le dùmhachd ìosal de luchd-labhairt na Gàidhlig, agus Alba air fad). Seo an fheadhainn a thagh sinn:

- Gaelic Bookbug;
- Fàs Mòr;
- Thig Gam Theagasg/Gabh an Cothrom;
- GIFT (Gaelic Immersion for Teachers);
- Gàidhlig@Oilthigh Ghlaschu;
- LearnGaelic.net;
- Gàidhlig Dumgal;

- FilmG; agus
 - Faclair na Gàidhlig.
15. Sa chiad dol a-mach, bha sinn an dùil beagan a bharrachd phrògraman a sgrùdadh, ach thug an dàil ann an solarachadh fiosrachaidh buntainnich bhon Bhòrd buaidh air na bha comasach anns an ùine a bh' againn gus a' phàirt seo dhen rannsachadh a dhèanamh agus, le sin, anns an àireamh de phrògraman a b' urrainn dhuinn sgrùdadh. Gidheadh, gheibhear anns na naoi prògraman a chuir sinn fon phrosbaig dealbh air farsaingeachd gnìomhachd dha bheil am Bòrd a' toirt taic tro GLAIF agus TFC ceangailte ris na prìomh raointean leasachaidh anns a' Phlana Nàiseanta.
16. Gus stiùir a thoirt dhan sgrùdadh againn air prògraman agus pròiseactan a tha a' faighinn taic bho GLAIF/TFC tro bheatha a' Phlana Nàiseanta làithrich, fhuair eadh greim air aithisgean ràitheil agus bliadhnail a tha ann an làmhnan a' Bhùird a thaobh maoinachaidh agus cur-an-gnìomh gach prògraim gus an sgrùdadh a dhèanamh. Rinneadh agallamhan leth-structaraichte le prìomh luchd-fios gus barrachd sgrùdaidh a dhèanamh air na bha soirbheachail, air na cnapan-starraidh, agus air na builean ceangailte ri cur-an-gnìomh nan naoi prògraman a thaghadh, agus mar a tha iad seo ceangailte ri amasan nas fharsainge a' Phlana Nàiseanta.
17. Bu chòir do leughadairean sùil a thoirt air an aithisg iomlain gus sgrùdadh air gach aon dhe na naoi prògraman fhaighinn. Gu h-aithghearrach, bha am feum air meudachadh ann am planadh ro-innleachdail, air conaltradh nas fheàrr, agus air co-obrachadh nas èifeachdaiche eadar buidhnean, nam prìomh cho-dhùnaidhean bhon sgrùdadh againn air na prògraman agus iomairtean air leth air tugadh sùil airson Modal 3.
18. Nuair a chunnacas cnapan-starraidh mu choinneamh cuir-an-gnìomh soirbheachail amasan ro-innleachdail a' Bhùird tro GLAIF agus tro sruthan airgid eile, mar as trice bha na leanas a bu choireach:
- dìth planadh ro-innleachdail agus poileasaidh co-òrdanaichte ann an raon leasachaidh;
 - eisimpleirean far nach deach obair a chaidh a chur an gnìomh gu soirbheachail air ionnsachadh no air leasachadh le buidhnean eile;
 - dìth conaltraidh agus eadar-obrachaidh leis a' Bhòrd às dèidh solarachadh agus gabhail aithisgean;
 - dìth taice agus dealais bho chuid de dh'ùghdarrasan ionadail, cuid de sgoiltean agus cuid de bhuidhnean Gàidhlig eile;
 - dìth maoinachaidh freagarraich, dìth modhan maoinachaidh geàrr-ùineach, atharrachaidhean ann am modhan maoinachaidh letheach-slighe tron phròiseact, agus dìth tèarainteachd ann am bun-maoinachaidh ro-innleachdail; agus
 - duilgheadasan ath-chùrsach ann an trèanadh agus ann an glèidheadh luchd-obrach.
19. Cuideachd, dh'ainmich Modal 3 eisimpleirean de chleachdaidhean as fheàrr, breithneachadh ùr-gnàthach, agus suidheachaidhean far an tug co-obrachadh

èifeachdach eadar am Bòrd, oifigearan pròiseict agus buidhnean Gàidhlig agus buidhnean poblach eile leas do chur-an-gnìomh soirbheachail phrògraman a fhuair taic bho GLAIF agus TFC. Gus luach an airgid fhaighinn à prògraman agus pròiseactan leasachaidh, feumar breithneachadh cruthachail agus ro-innleachd co-òrdanaichte gus prìomh amasan a choileanadh a thaobh:

- A' neartachadh agus/no ag ath-thòiseachadh tar-chur eadar-ginealach na Gàidhlig ann an dachaighean agus coimhearsnachdan agus a' meudachadh bogadh sòisealta na cloinne anns a' chànain.
- A' lìonadh nam beàrn a thathas am beachd a tha ann eadar cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh air an dàrna làimh agus anns an sgoil air an làimh eile, agus anns an dòigh sin, a' cur ri coileanadh nam buil anns a' chiad dhà raon leasachaidh a fhuair prìomhachas anns a' Phlana Nàiseanta (Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean, agus Foghlam: Sgoiltean & Tidsèaran) ann an dòigh cho-òrdanaichte.
- A' tairgse fhuasglaidhean airson duilgheadasan glè aithnichte ann an leasachadh na Gàidhlig, leithid trusadh thidsèaran airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
- A' brodadh co-obrachadh nas dlùithe eadar diofar bhuidhnean agus am Bòrd, agus a' cur ri barrachd co-obrachaidh dlùith eadar diofar bhuidhnean gus amasan ainmichte sa Phlana Nàiseanta a thoirt gu buil.

Modal 4: Sgrùdadh dìreach air buaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17

20. Ann am Modal 4, rinneadh sgrùdadh dìreach air buaidh a' Phlana Nàiseanta, a' cleachdadh trì modhan-rannsachaidh air leth ach a chuireadh ris a' chèile:

- Ann an suirbhidh air-loidhne, dh'iarr sinn air 211 daoine freagairtean a thoirt seachad mu iomchaidheachd builean agus prìomhachasan ro-innleachdail a' Phlana Nàiseanta, agus na beachdan aca mun ìre is a bha iad an dùil gum biodh iad seo air an toirt gu buil (Modal 4.1).
- Chum sinn seachd buidhnean fòcais gus beachdachadh a dhèanamh ann an dòigh na bu mhionaidiche air gach aon dhe na builean agus na prìomhachasan ro-innleachdail anns a' Phlana Nàiseanta. Chaidh trì dhiubh a chumail ann an diofar coimhearsnachdan ionadail agus trì am measg buidhnean dhaoine aig a bheil ùidhean sònraichte anns a' Ghàidhlig: òigridh, pàrantan, agus daoine a tha an sàs anns na h-ealain Ghàidhlig. B' e grunn luchd-obrach a' Bhùird fhèin a bha anns a' bhuidhinn eile. (Modal 4.2).
- Rinn sinn agallamhan le dusan riochdairean bho bhuidhnean eadar-dhealaichte aig an robh pàirt shònraichte ann an cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta a thaobh nam beachdan aca air buaidh a' Phlana agus air mar a dh'fhaodadh am Bòrd a bhith ag obair ann an dòigh na b' èifeachdaile (Modal 4.3).

Suirbhidh air-loidhne

21. De na 211 freagairtean a fhuair, chaidh 84% a chur a-steach le daoine fa leth agus 16% às leth bhuidhnean. Fhuair an t-suirbhidh freagairtean bho daoine de gach aois, de dhiofar bhuidhnean sòisio-eaconamach, agus àireamhan co-ionann de bhoireannaich agus fireannaich. Chum a' mhòr-chuid a-mach gun robh iad nan luchd-labhairt Gàidhlig (55%) no-luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (31%). A thaobh àite-

tuinidh, bha a' mhòr-chuid a' fuireach ann an Dùn Èideann (àireamh=47; 22%), air a' Ghàidhealtachd (à=34; 16%), ann am Baile Ghlaschu (à=27; 13%), anns na h-Eileanan Siar (à=14; 7%) agus taobh a-muigh na h-Alba (à=14; 7%). Fhuair eadh eadar aonan agus còignear bhon chòrr de sgìrean Ùghdarrasan Ionadail seach Aonghas, Clach Mhanann, agus Sealtainn. Bhiodh e iomchaidh, ma-tha, a bhith faiceallach nach cleachdar freagairtean na suirbhìdh seo gus co-dhùnadh a dhèanamh air beachdan dhaoine mu èifeachd a' Phlana Nàiseanta mar a chaidh a chur an-gnìomh anns gach pàirt de dh'Alba.

22. Dh'aontaich no dh'aontaich gu làidir a' mhòr-chuid de luchd-freagairt gun do chuir am Plana Nàiseanta làithreach an cèill na prìomhachasan cearta airson leasachadh na Gàidhlig ann an Alba. Cha robh aonta aon-ghuthach ann, ge-tà, a thaobh dè cho coltach is a bha e gun coileanadh gin de bhuilean a' Phlana Nàiseanta ro deireadh beatha a' Phlana ann an 2017. Bha caochladh bheachdan aig daoine air a' cheist seo, a' sealltainn gun robh am Plana Nàiseanta soirbheachail ann a bhith ag adhbhrachadh atharrachaidhean ann an cuid a raointean leasachaidh.

23. Tha toraidhean na suirbhìdh a' nochdadh gu bheil na leanas na builean a thathas am beachd as dòcha a thoirt gu buil:

- àrdachadh ann an àireamhan de chloinn a tha a' tòiseachadh ann am foghlam Gàidhlig thràth-bhladhnaichean;
- àrdachadh ann an àireamh de chloinn a' clàrachadh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' dùblachadh àireamh chlàrachaidhean bliadhnaile gu 800;
- àrdachadh bliadhna às dèidh bliadhna ann an àireamh de chloinn sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair;
- cruthachadh barrachd chothroman Gàidhlig a chleachdadh do choimhearsnachdan agus do lionraidhean de luchd-labhairt na Gàidhlig de gach seòrsa, agus àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachdan agus seirbheisean aig ìre na coimhearsnachd;
- a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an àitean-obrach agus a' meudachadh cothroman cosnaidh anns a bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach;
- a' leasachadh nan ealan agus nam meadhan Gàidhlig mar mheadhan air adhartachadh na cànan, air tarraing dhaoine thuice, agus air meudachadh chothroman Gàidhlig ionnsachadh, chleachdadh agus leasachadh;
- ìomhaigh nas àirde airson na Gàidhlig ann an roinnean dualchais agus turasachd, agus barrachd cleachdadh na Gàidhlig ann a bhith a' mineachadh eachdraidh agus cultar na h-Alba; agus
- a' co-òrdanachadh bhuidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpas na Gàidhlig gus neart, buntanas, cunbhalachd agus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh ann an Alba.

24. 'S iad na leanas na builean a thathas am beachd as eu-choltaiche a thoirt gu buil:

- meudachadh ann an togail agus ann an cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh le òigridh (tha an t-amas seo doirbh a mheasadh air sàilleibh dìth dàta a leigeadh tomhas air atharrachadh bho bhun-loidhne ann an 2012);

- a' leudachadh factainneachd chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean; agus
 - àrdachadh ann an àireamh de dh'inbhich a tha a' togail na Gàidhlig gu 3,000 agus a' cur ri sgilean cànaicheach luchd-labhairt na Gàidhlig a tha fileanta mu thràth.
25. Tha na dùbhlannan a thàinig am bàrr a thaobh coileanadh amasan a' Phlana Nàiseanta a' sealltainn mar a dh'fheumar:
- ceannach a-steach, eibheachd agus co-obrachadh a thoirt am feabhas eadar an Riaghaltas, Bòrd na Gàidhlig, ùghdarrasan ionadail agus prìomh bhuidhnean eile air feadh Alba;
 - fàs a thoirt air roinnean tro phlanadh ro-innleachdail, co-obrachadh èifeachdach, agus goireasachadh; agus
 - ainmeachadh bun-dàta agus comharran-coileanadh soilleir gus sùil a chumail agus measadh a dhèanamh air buaidh.
26. Tha na ceistean a shoillsicheadh agus na molaidhean a rinneadh le luchd-freagairt na suirbhidh a thaobh gach aon dhe na prìomhachasan agus na builean a bha air faire anns a' Phlana Nàiseanta a' co-fhreagairt nam puingean a rinneadh le buill de na buidhnean fòcais coimhearsnachd agus dhaoine aig a bheil ùidhean sònraichte, agus air sàilleibh sin, thèid beachdachadh a dhèanamh air iad seo anns an ath-earrainn dhen gheàrr-chunntas seo.

Buidhnean fòcais ann an coimhearsnachdan ionadail agus de dhaoine le ùidhean sònraichte

27. Às dèidh aonta fhaighinn leis a' Bhòrd, ghabh sinn comhairle sia buidhnean, nam measg trì coimhearsnachdan ionadail anns na Hearadh, ann an Slèite agus ann an Dùn Èideann, agus trì buidhnean dhaoine le ùidhean sònraichte, a' gabhail a-steach òigridh (ann an Inbhir Nis), pàrantan (ann an Steòrnabhagh), agus luchd-ealain Gàidhlig (ann an Glaschu). Chaidh na buidhnean fòcais a chur air dòigh gus roinnt-tarsainn ioma-chuimseach de na coimhearsnachdan a riochdachadh, air feadh Gàidhealtachd, Eileanan, agus Galltachd na h-Alba, air an robhar an dùil agus an dòchas gun toireadh am Plana Nàiseanta as motha buaidh. Gus còmhradh air prìomh bhuilean agus raointean leasachaidh a' Phlana Nàiseanta a dhèanamh nas fhasa, chaidh geàrr-chunntas cuimhir, dà-chànanach amasan a' Plana, a' cleachdadh prìomh earrannan às, a sgaoileadh dhan fheadhainn a ghabh pàirt anns na buidhnean fòcais nuair a thugadh le post-dealain cuireadh dhaibh pàirt a ghabhail anns an rannsachadh, agus chaidh an cuartachadh ann an cruth clò-bhuailte aig a' bhuidhinn fòcais fhèin.
28. Bha e soilleir nach robh tuigse dhomhain air a' Phlana Nàiseanta san fharsaingeachd aig an fheadhainn a ghabh pàirt anns na buidhnean fòcais no aig cuid mhath dhen fheadhainn a ghabh pàirt san t-suirbhidh. Tha seo a' sealltainn gu bheil feum air conaltradh nas fheàrr mun Phlana Nàiseanta le coimhearsnachd na Gàidhlig uile gu lèir. Cha leòr e dìreach am Plana Nàiseanta a sgaoileadh; tha e cuideachd cudromach prìomh phuingean a' Phlana a dhèanamh so-ruigsinneach, agus ro-

innleachd a chruthachadh gus a' choimhearsnachd, agus gu sònraichte luchd-iomairt, a ghabhail a-steach agus a dhèanamh nas fhiosraiche mu na prìomh amasan agus builean ro-innleachdail agus na bhiodh iad seo a' ciallachadh gu practaigeach. 'S e aon dhe na ceistean as bunaitiche cò dha a tha am Plana Nàiseanta; bha faireachdainn ann nach ann dhan fheadhainn a ghabh pàirt anns na buidhnean fòcais no anns an t-suirbhidh air loidhne a bha e.

29. Ged a bha taic sa chumantas ann dhan Phlana Nàiseanta, bha caochladh bheachdan ann a thaobh dè cho soirbheachail is a bha cur-an-gnìomh a' Phlana. 'S e seo na prìomh phuingean a thàinig am bàrr bho dhàta nam buidhnean fòcais agus na suirbhidh:

- Dragh mun lùghdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan ann an 'crìdhe na Gàidhealtachd', gu sònraichte am measg òigridh (fiù 's am beagan a ghabhas cùrsaichean tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil);
- A dh'aindeoin cho tairbheach is a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig dha sgoilearan, bha faireachdainn ann sa chumantas nach tug e mòran buaidh a thaobh a bhith a' brosnachadh barrachd cleachdadh na cànan anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig no am measg an t-sluaigh;
- Gu ìre mhòir, mhòir, b' e cruthachadh chothroman Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile a' cheist a bu chudromaiche dhan fheadhainn a ghabh pàirt. Ann an sgìrean bailteil fada air falbh bho 'chridhe na Gàidhealtachd', bhathas am beachd gun robh e cudromach structaran de bhuidhnean coimhearsnachd agus de chothroman cleachdaidh a leasachadh mar chùl-taice do bhun-structar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus gun robh feum air barrachd chothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh gu sòisealta, agus fiù 's air barrachd ionadan sòisealta Gàidhlig, aig ìre na coimhearsnachd.
- B' e a' choimhearsnachd, an t-àite-obrach agus na h-ealain Ghàidhlig na prìomh raointean a chaidh ainmeachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrodadh.
- Bhathas am beachd gur dòcha gun robh leasachadh gnìomhachdan ceangailte ri dualchas na Gàidhlig ann an co-theacs a' gnìomhachais turasachd, na mheadhan ann an sgìrean ann an 'crìdhe na Gàidhealtachd' gus barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh anns a' choimhearsnachd.
- Bha e soilleir gun robhas am beachd gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig comasach air barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg òigridh, ach nach robh gu leòr taic ann an-dràsta do sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig an dachaigh – gu h-àraidh a thaobh pàrantan a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice – no anns a' bheatha-obrach aca san àm ri teachd.
- Bhathas am beachd gu bheil ceangal a dhìth anns a' Phlana Nàiseanta làithreach eadar cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh, anns na tràth-bhliadhnaichean agus anns a' choimhearsnachd air an dàrna làimh agus ann am foghlam foirmeil air an làimh eile, agus gu bheil seo na laigse anns a' Phlana.
- Ged a chaidh cuideam a chur air leantail ann an cleachdadh na Gàidhlig agus air taic do sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile mar phrìomh bhuilean, chuireadh cuideam cuideachd air dìth

leantalachd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil agus anns an àite-obrach mar laigsean anns a' Phlana Nàiseanta làithreach.

- Bha pàrantan dhen bheachd gun robh coimhearsnachdan ann an 'cridhe na Gàidhealtachd' deatamach ann a bhith a' cur ri leasachadh-cànain sòisealta an cuid cloinne deatamach, agus bha iad gu ìre mhòir, mhòir dhen bheachd gum bu chòir do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith na mhodal foghlam bun-sgoile àbhaisteach anns na coimhearsnachdan sin.
- Mar as trice, chuir pàrantan prìomhachas air cho cudromach is a bha e cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, sa choimhearsnachd agus san sgoil amalachadh. A rèir nan tobraichean dàta againn, is soilleir gun tug dìth co-òrdanachaidh eadar an dachaigh, a' choimhearsnachd agus an sgoil droch bhuaidh air soirbheas cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta.
- Chan eil gu leòr sa Phlana Gàidhlig làithreach mu na h-ealain Ghàidhlig agus mu cheòl Gàidhlig, aon chuid a thaobh bhuilean agus amasan a ghabhas dèanamh agus measadh, no a thaobh na buaidh mhòir agus nan leasan a dh'fhaodadh a bhith aca airson coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd.

30. Ged a thuir an fheadhainn a ghabh pàirt anns na buidhnean fòcais agus anns an t-suirbhidh gun robh iad riarachaidh gu ìre le amasan a' Phlana Nàiseanta, chaidh cur-an-gnìomh agus amalachadh bhuilean ann an raointean leasachaidh a chunnacas mar raointean air leth bho chèile a mheasadh mar chnapan-starraidh bunaitich do thoirt gu buil amasan luchd-poileasaidh.

31. Ann an leasachadh an ath Phlana Nàiseanta, bidh ceangladh obair na roinne-foghlaim, agus gu h-àraidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, nas dlùithe ris a' choimhearsnachd, agus brodadh barrachd làthaireachd buill na coimhearsnachd ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns na sgoiltean nam prìomh bhuilean.

32. Tha sinn a' moladh, stèidhichte air an sgrùdadh againn sa mhodal seo, gum biodh dòigh-obrach na b' iomlanaiche a thaobh glèidheadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus togail na Gàidhlig, leasachadh sòisealta agus ath-ùrachadh san t-siostam foghlaim na buannachd ann an leasachadh an ath Phlana Nàiseanta.

Agallamhan le daoine aig an robh ùidh shònraichte sa chùis

33. Airson na treas pàirt, agus a' phàirt mu dheireadh, san sgrùdadh dhìreach againn air buaidh a' Phlana Nàiseanta, rinn sinn agallamhan leth-structaraichte le dusan riochdairean bho bhuidhnean eadar-dhealaichte aig an robh pàirt shònraichte ann an cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta. Am measg an t-sampla againn bha riochdairean bho chòig dhe na prìomh bhuidhnean Gàidhlig (com-pàirtichean a' Bhùird ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean), bho trì ùghdarrasan ionadail, agus bho cheithir buidhnean eile a bha an cois a' Phlana Nàiseanta, a' gabhail a-steach dà bhuidheann foghlaim agus dà bhuidheann mheadhanan.

34. Thàinig ceithir prìomh chuspairean am bàrr bhon sgrùdadh chàileachdail againn air na h-agallamhan, mar a leanas:

- faireachdainnean nan daoine seo mun Phlana Nàiseanta;

- foghlam agus ath-bheothachadh cànanain sa choimhearsnachd;
 - ro-innleachd agus ròl reachdail a' Bhùird; agus
 - conaltradh Bhòrd na Gàidhlig.
35. San fharsaingeachd bhathas am beachd gun robh am Plana Nàiseanta feumail mar inneal a chur prìomhachasan ann am planadh cànanain fa chomhair sheirbheiseach catharra agus luchd-poileataigs, agus gu ìre bhuidhnean poblach a tha ag ullachadh phlanaichean reachdail Gàidhlig. Gidheadh, bhathas cuideachd am beachd nach robh am Plana feumail no fiù 's buntainneach do choimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd.
36. Chuireadh cuideam air seo san dàrna cuspair anns an sgrùdadh againn, a thaobh na teanntachd, ann am beachd cuid a dhaoine, eadar am poileasaidh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart agus a leasachadh mar mheadhan air ath-bheothachadh cànanain air an dàrna làimh, agus glèidheadh nan coimhearsnachdan dualchasach Gàidhlig air an làimh eile. Bho shealladh an taoibh seo dhen sgrùdadh againn, tha sinn a' moladh leasachadh ro-innleachdan gus a' bheàrn eadar an dà raon leasachaidh seo a lìonadh, chun na h-ìre as motha a ghabhas sin dèanamh, a' toirt luchd-labhairt dualchasach a-steach ann an lìbhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus ann an taic seachtrach a tha na pàirt ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais.
37. 'S ann mu ro-innleachd fhad-ùinich, ròl a' Bhùird ann an iomairtean planaigh-cànanain san fharsaingeachd, agus an ceangal eadar am Plana Nàiseanta agus lèirsinn fhad-ùineach a' Bhùird airson leasachadh na Gàidhlig a bha an treas cuspair a thàinig am bàrr san sgrùdadh againn. Tha e soilleir gu bheil cnuasachadh soilleir, ro-innleachdail deatamach do bhuidhnean an dà chuid anns an obair làitheil aca a' cur an gnìomh nan dleasan aca fon Phlana agus ann an leasachadh ròl nam buidhnean aca thar ùine, gus prìomhachasan planaigh-cànanain às leth na Gàidhlig a thoirt gu buil. Cha robh na riochdairean ris an do bhruidhinn sinn daonnan mothachail co-dhiù an ann air a' Bhòrd gu ìre mhòir a tha an t-uallach airson ro-innleachd fhad-ùineach dhen leithid seo, no a bheil an t-uallach seo air a roinn eadar an Riaghaltas, am Bòrd agus na prìomh bhuidhnean Gàidhlig. Is dòcha gu bheil leasachadh nan ro-innleachdan seo a' dol air adhart gu leantainneach taobh a-staigh a' Bhùird, ach tha a' bheachd aig na daoine ris an do bhruidhinn sinn gu bheil an soilleireachadh seo a dhìth agus gum biodh e luachmhor dhaibh nan obair a' comharrachadh na faireachdainn aca nach eil iad air a bhith an sàs anns na còmhraidhean seo.
38. Bhathas am beachd gu bheil leasachadh planaichean conaltraidh cudromach an dà chuid ann a bhith a' freagairt ionnsaighean poblach air a' Ghàidhlig anns na meadhanan agus mar inneal gus tuigse an t-sluaigh agus na beachdan aca air a' Ghàidhlig a mhathachadh. A rèir an sgrùdaidh againn air beachdan nan riochdairean ris an do bhruidhinn sinn, tha e soilleir gu bheil, nam beachd, leasachadh conaltradh a' Bhùird – leis na buidhnean aca agus le coimhearsnachd na Gàidhlig, cho math ris an t-sluaigh san fharsaingeachd – na phrìomhachas gus na h-amasan agus na builean a tha san t-sealladh sa Phlana Nàiseanta a choileanadh.

39. Stèidhichte air an dusan agallamhan a rinn sinn le daoine aig a bheil ùidh shònraichte anns a' Phlana Nàiseanta, tha sinn dhen bheachd gum biodh na leasachaidhean seo air leth tairbheach ann a bhith ag ullachadh an ath Phlana Nàiseanta:
- Bu chòir dhan ath Phlana buntanas sònraichte nam prìomhachasan-leasachaidh a mhìneachadh ann an dòigh a tha nas soilleire agus nas so-thuigsinniche dha na coimhearsnachdan Gàidhlig eadar-dhealaichte na mar a tha iad anns a' Phlana Nàiseanta làithreach.
 - Bhiodh e comasach na draghan a tha aig mòran gu bheil barrachd cuideim ga chur air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na air glèidheadh na cànan sa choimhearsnachd a lùghdachadh gu ìre nan robhar a' tuigsinn foghlam ann an dòigh na b' fharsaing agus na b' fhosgailte mar inneal airson leasachadh cànan a chuireas gu feum feartan cànanach nan coimhearsnachdan dualchasach Gàidhlig. Bu chòir dhan Phlana amasan a mhìneachadh nas soilleir a thaobh neartachadh nan coimhearsnachdan seo, a' gabhail a-steach cruthachadh barrachd chothroman-cleachdaidh annta ann am barrachd shuidheachaidhean.
 - Gus a' bheàrn a tha ann, ann am beachd cuid a dhaoine, eadar luchd-labhairt 'ùra' anns an t-siostam-foghlaim agus luchd-labhairt 'dualchasach' anns na diofar choimhearsnachdan Gàidhlig, mholamaid gum bu chòir dhan ath Phlana càirdeas nas fhaisge a thogail eadar an dà bhuidheann seo.
 - Bidh ullachadh cùramach de ro-innleachd mhionaidich, fhad-ùinich, a nì soilleir an dà chuid ròl a' Bhùird ann an leasachadh na Gàidhlig agus amasan fad-ùineach poileasaidh-cànain na Gàidhlig, deatamach ann a bhith a' toirt gu buil amasan agus builean Phlanaichean Nàiseanta san àm ri teachd, agus ann a bhith a' ceangal nan amasan seo ri lèirsinn luchd-poileasaidh airson na cànan.
 - Bheireadh ullachadh de ro-innleachd ioma-chùiseach conaltraidh, a thugadh luaidh air mar a dh'obraicheas am Bòrd le buidhnean aig a bheil ùidh ann an leasachadh na Gàidhlig agus le coimhearsnachdan, piseach air cur-an-gnìomh prìomhachasan planadh-cànain a' Bhùird mar a nochdas iad anns na Planaichean Nàiseanta.

Modal 5: Beachdachadh air mar a dh'fhaodadh cùisean a bhith gun Phlanaichean Nàiseanta

40. Ged a tha e doirbh sgaradh a dhèanamh eadar buaidh shònraichte an dà Phlana Nàiseanta agus buaidh gnìomhan mòra planaidh-cànain eile, 's ann a tha e soilleir gun tug ullachadh agus cur-an-gnìomh nam Planaichean Nàiseanta buaidh bhàrdach air planadh-cànain airson na Gàidhlig, buaidh nach biodh ann chun na h-aon ìre mura b' e na Planaichean seo.
41. An toiseach, às aonais nam Planaichean Nàiseanta, bhiodh coladar air planadh-cànain airson na Gàidhlig na bu sgleòthaiche, na bu mhaoile, agus na b' fharsaing, agus is coltach gum biodh slighe na bu bhrìste agus na bu neo-chunbhalach ann a bhith a' dèiligeadh ri prìomh chuspairean agus prìomh dhùbhlain.
42. San dàrna àite, tha na Planaichean Gàidhlig air a bhith nan cuideachadh ann an ullachadh cnuasachaidh ro-innleachdail agus ann an leasachadh gnìomh ro-

innleachdail a thaobh leasachadh na Gàidhlig, agus às an aonais, cha thugadh an aon chuideam air atharrachadh ann an dol a-mach bhuidhnean agus dhaoine fa leth. Gu cudromach, às aonais nam Planaichean Nàiseanta, cha bhiodh inneal ann gus slatan-tomhais a chur air bonn gus adhartas ann an leasachadh na Gàidhlig a sgrùdadh. Gidheadh, bhiodh e na chuideachadh nan robh barrachd shlatan-tomhais gan cleachdadh ann an diofar raointean leasachaidh agus sgrùdadh eadar-amail coileanadh nan slatan-tomhais ann am Planaichean Nàiseanta san àm ri teachd.

43. San treas àite, tha na Planaichean Nàiseanta air a bhith feumail ann a bhith a' trusadh cruinneachadh mòr data a thaobh gnìomhan air leth ann an taghadh farsaing de raointean leasachaidh, agus san dòigh sin a' dèanamh comasach sgrùdadh farsaing air na cothroman agus na dùbhlain a tha ann mu choinneamh leasachadh na Gàidhlig. Mar a chaidh mìneachadh ann am modal 2, ge-tà, tha duilgheadasan air a bhith ann ann an trusadh, tasgadh agus sgrùdadh an data seo. Bu choir dha na h-ath Phlanaichean Nàiseanta dèanamh cinnteach gun cleachdar an dàta seo anns an dòigh as èifeachdaiche is a tha comasach.
44. Sa cheathramh àite, rinn ullachadh agus leasachadh nam Planaichean Nàiseanta comasach coluadar na b' fharsaing agus na b' eòlaiche am measg taghadh farsaing bhuidhnean ann an Alba le ùidh ann an leasachadh na Gàidhlig. Cuideachd, tha barrachd mothachaidh ann mu chudromachd agus mu fheum rannsachaidh pongail mar bhunait poileasaidh, agus tha tuigse air na prionnsabalan bun-bheachdail agus teòiridheach planadh-cànain a-nis nas stèidhichte.
45. Mu dheireadh, tha dleasnas ullachadh nam Planaichean Nàiseanta air toirt air prìomh actairean ann an leasachadh na Gàidhlig modhan ad hoc, bras a sheachnadh agus a bhith a' cnuasachadh air an t-suidheachadh ann an dòigh nas ro-innleachdail agus iomlanaiche. Thathas an dùil gur dòcha gun toir am fosgladh seo air modhan planaidh-cànain nas grinne buannachdan thar nam bliadhnaichean ri teachd airson leasachadh na Gàidhlig.

Co-dhùnaidhean agus molaidhean

46. Tha an sgrùdadh againn a' sealltainn gun tug an dà chuid pròiseas nam Planaichean Nàiseanta agus na Planaichean fhèin deagh bhuaidh, san fharsaingeachd, air leasachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha grunn chuspairean farsaing air èirigh san sgrùdadh againn, ge-tà.
47. An toiseach, thathas am beachd, san fharsaingeachd, gum biodh e comasach cuid dhe na builean a nochd anns na Planaichean Nàiseanta a chur an cèill na bu shoilleire. Uaireannan, tha cuid dhiubh air an cur an cèill ann an dòigh neo-phongail, ga dhèanamh nas duilghe co-dhùnadh a ruigsinn air co-dhiù an do rinneadh adhartas gu leòr a dh'ionnsaigh an coileanadh. Aig amannan far an deach iomradh a thoirt air amasan no builean, chan eil an dòigh anns an deach an cur an cèill ro chuideachdail.
